An Dàrna Làr

Iris Ghàidhlig Sgoilearan AS2, Àrd-sgoil Phort Rìgh

An Cèitean 2011

Buannaich iPod Shuffle

Faic t/d 19

50sg

Anns an iris seo:

Agallamh le Mànran
Fios mu Ross County
idiscover
Fèis an Earraich
Geamaichean Coimpiutair
Fasanan
Bho Pink Floyd gu Pendulum
agus mòran eile...

Clàr-innse

Mànran.....3
le Kirsty Matheson agus Isabelle Law
Geamaichean Coimpiutair.....4
le Fiann MacLeòid agus Seumas Mehan
Ò mo nàire 5
le Lauren NicDhùghaill
Club 'trials' an Eilein.....6
le Jonathon Watkins
Molaidhean Robbie.....7
Robbie Nicolson
Ross County.....7/8
le Alex MacDhòmhnaill agus Ailean Wilson
Fiolmaichean.....10/11
le Victor MacConnell agus Kirsty Matheson
Bho Pink Floyd gu Pendulum.....12
le Isabelle Law
idiscover.....13
le Ruby Partridge
Fèis an Earraich.....14
le Kirsty NicDhùghaill
Ri Reic/Faigh na Facail.....15
le Jonathon Watkins agus Isabelle Law
Fasan.....16/17
le Kaitln Nic a' Phearsain
Teicneòlas.....18
le Uilleam Hannah
Farpais.....19
le Lauren NicDhùghaill

Facal beag...

Chaidh an iris seo a sgrìobhadh le sgoilearan do sgoilearan agus tha sinn an dòchas gu bheil rudeigin ann don a h-uile duine, ge b' e dè tha a' còrdadh riut. Chaidh an iris air fad a sgrìobhadh le sgoilearan Gàidhlig air an dàrna bliadhna mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ghabh iad ris an obair le deòin, a' rannsachadh, a' sgrìobhadh agus a' deasachadh gach pìos den iris.

Tha sinn fada an comain Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal airson taic a thoirt dhuinn leis a' phròiseact. Cùmaibh sùil a-mach airson iris eile san t-sreath – tha clas Gàidhlig eile air an dàrna bliadhna ga sgrìobhadh an-dràsta agus bidh measgachadh ùr de stuth san iris ud.

Tha sinn am beachd na h-irisean seo a sgaoileadh gu sgoiltean eile agus sinn an dòchas gun dèan sgoiltean eile an aon rud gus am faigh sgoilearan cothrom a bhith a' leughadh airson tlachd ann an Gàidhlig mu chuspairean anns a bheil ùidh aca fhèin.

Tha sinn gu h-àraid taingeil do na sgoilearan fhèin a tha air a bhith cho èasgaidh a dhol an sàs san obair. Tha sinn an dòchas gum faigh iad tuilleadh chothroman na sgilean sgrìobhaidh aca a chur gu feum ann an Gàidhlig.

Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Rìgh



Leabhraichean leibideach

Cùm sùil a-mach airson tiotalan leabhraichean agus ainmean sgrìobhadairean a tha gòrach an seo!

Droch latha san sgoil le O. Vove

Latha math do Mànran

'S e còmhlan Gaidhlig a th' ann am Mànran. Thoisich iad san Ògmhios 2010. Tha sia aca sa chòmhlan, Norrie MacIver, Gary Innes, Ewen Henderson, Calum Stewart, Ross Saunders agus Scott Mackay. Chuir iad òran Gàidhlig a-mach mar 'single' o chionn ghoirid. Bha iad airson gum biodh e a' nochdadh sa phrìomh 40. 'S e *Latha Math* an t-ainm a bh' air an òran agus bha e sònraichte math agus aighearach. Chòrd e ri tòrr againn ann an Sgoil Phort Rìgh. Bha sinne glè fhortanach gun d' fhuair sinn grèim air Eòghan Henderson o chionn ghoirid agus fhreagair e na ceistean a thug sinn dha. Seo na freagairtean a fhuair sinn:

Dè cho fad 's a thug e dhuibh an t-òran a sgrìobhadh?
Sgriobh Norrie an t-òran nuair a bha e aig an RSAMD ann an Glaschu agus thug e seachdain no dhà ga sgrìobhadh mar phròiseact airson na clasaichean sgrìobhaidh a bh' aige.

Cò ris a bha e coltach a bhith a' feuchainn air a' phrìomh 40?

Ged a bha e gu math doirbh agus ged nach d' fhuair sinn dhan phrìomh 40, bha e sgoinneil agus uabhasach fhèin spòrsail. Bha e sònraichte math a bhith a' faicinn gun robh tòrr dhaoine gar brosnachadh fad an t-siubhail agus a' toirt taic dhuinn.

Cò ris a bha an t-seachdain coltach agus cò na daoine ainmeil ris an do choinnich sibh?

Bha an t-seachdain trang dha-rìribh bhon a bha tòrr chuirmean-ciùil againn ri dhèanamh ann am mòran àiteachan agus bha sinn a' dol timcheall sgoiltean a' cluich agus a' bruidhinn air an rèidio gach uair a b' urrainn dhuinn agus mar sin air adhart. Bha e sgoinneil, ge-tà, agus bha sinn air bhioran nuair a bha sinn na b' àirde na Cheryl Cole anns a' phrìomh 40 Dimàirt! Tron t-seachdain, bha sinn a' bruidhinn ri daoine ainmeil air a' fòn agus air an rèidio mar eisimpleir Gaby Logan air BBC 5 Live. Feasgar Dihaoine, choinnich sinn ri Michelle MacManus nuair a chaidh sinn air a' phròg ram aice 'The Hour' air STV.

A bheil sibh a' dol a chur òran eile neo CD a-mach?
Tha sinn ag obair air clàr an-dràst' agus tha sinn làn dòchais gun tig e a-mach as t-samhradh.

A bheil sibh a' dol a dh'fheuchainn air a' phrìomh 40 a-rithist?

Cò aig a tha fios? An-dràst' chan eil sinn a' smaoineachadh ach air a' chlàr ùr ach, ma tha òran math no dhà eile againn, 's math dh'fhaodte gum feuch sinn a-rithist air.

Am biodh sibh deonach tighinn dhan Àrd-sgoil a chluich dhuinn uaireigin?

Mura h-eil sinn ro thrang, bhiomaid glè dheonach tighinn dhan Àrd-sgoil!

Chuala sibh an seo an toiseach e! Ceud taing do Eòghan Henderson a fhreagair na ceistean dhuinn ged a bha e uabhasach trang.

le Kirsty Matheson agus Isabelle Law

Leabhraichean leibideach

Ealain le Jean Jalav

Geamaichean Coimpiutair

X-BOX no PS3?

Tha e doirbh d' inntinn a dhèanamh suas, nach eil? Ach ge b' e dè as fheàrr leat, tha geamaichean gu leòr a-muigh an sin dhut. Seo cuid den fheadhainn as fheàrr a nochdas am bliadhna.

X-BOX
Metal Gear Solid: Rising



Ged nach tig e a-mach chun na h-ath bhliadhna, tha MGS: Rising a'coimhead uabhasach inntinneach. Seo a' chiad turas a bhios e air X-BOX agus PC. Anns a' ghèam, 's tusa Raiden, a bha na phrìomh charactar ann am MGS 2: Sons Of Liberty. Bidh an sgeulachd stèidhichte as dèidh MGS 2: Sons of Liberty agus ro MGS 4: Guns of the Patriots. Cha bu toil le duine Raiden anns a' ghèam mu dheireadh aige Sons Of Liberty, ach bha e a' còrdadh na b' fheàrr ri daoine nuair a thàinig e air ais sa cheathramh ghèam. Innsidh an gèam seo mar a fhuair e gu bhith na cyborg. An àite a bhith a' cluich le gunnachan mar a bha a' tachairt anns na geamaichean mu dheireadh, bidh thu a' cleachdadh claidheamh ach bidh feum agad a bhith caran seòlta. Tha an stiùiriche ùr Shigenobu Matsuyama ag iarraidh an sgeulachd seo innse gus am bi an gèam air a chluich agus gun tuig daoine an sgeulachd gun a bhith a' cluich gheamaichean nas sine san t-sreath. Ceannaich e nuair a thig e a-mach!

Seumas Mehan

PS3
Uncharted 3:Drake's Deception

B' e an gèam mu dheireadh, Uncharted 2: Drake's Fortune, fear de na geamaichean a b' fheàrr a nochd air a' bhliadhna an-uiridh. Tha seo follaiseach bhon a reic e 4.3 muileann copaidh. Fhuair e còrr agus ceud duais agus b' e seo an gèam a b' fheàrr a thàinig a-mach ann an 2009. Ged nach eil fios againn air tòrr mu dheidhinn Drake's Deception fhathast, tha e coltach gu bheil am fear seo a' dol sìos an aon rathad neo fiùs ceum nas fhaide! Tha fhios againn mar-thà gum bi an gèam ùr, Uncharted 3: Drake's Deception, stèidhichte san fhàsach agus gum bi e ann an 3D! Nochdaidh e anns na bùithean air a' 4mh den t-Samhain. Nar beachdne, 's e seo an gèam as fheàrr a thig a-mach ann an 2011. Air an adhbhar sin, gun teagamh sam bith, dèan cinnteach gum bi an gèam seo air an liosta aig an Nollaig.

Na caill an cothrom, faigh grèim air!

Fiann MacLeòid

Leabhraichean leibideach

Smachd anns a' chlas le B. Modhail

Ò, mo nàire!

Rannsachadh le Lauren NicDhùghaill

Tha fhios gu bheil sinn uile a' feuchainn ri stòiridh mu rudeign a chuir nàir' oirnn a chumail sàmhach! Uill, tha e ro anmoch! Seo cuid de na stòiridhean bhon chlas a thug gàire oirnn!

Nuair a bha mi beag, chuir mi mo làmh am broinn pòcaid cuideigin eile 's mi a' smaoineachadh gur e pòcaid mo mhàthar a bh' ann! Mo nàire!

Nuair a bha mi beag, bha mi a-muigh còmhla ri mo pheathraichean air a' mhonadh. Shuidh mi sìos air creig agus thug mi an aire do phìos 'seocalaid` . Uill, bha mi a' smaoineachadh gur e seocalaid a bh' ann gus an do chuir mi nam bheul e. Tha mi cinnteach gun robh na caoraich den bheachd gun robh e èibhinn, ach cha robh mise! Euch!

Aon latha nuair a bha mi òg, bha mi aig a' Mhòd deiseil airson seinn air an àrd-urlar. Bhuail an t-eagal mi agus an ath mhionaid bha mo dhrathais fliuch. Cha do bhuannaich mi dad an latha ud...

Bha mi fhìn agus mo phiuthar nar n-'extras' anns an fhiolm, Maid of Honour nuair a bha iad a' fiolmadh ann an Dun Bheagain. Bha againn ri dhol gu carabhan aig tè de na cleasaichean ma 's e 's gum biodh againn ri dhol dhan taigh-bheag. Bha mi nam èiginn airson a dhol ann, agus dh'fhosgail mi doras a' charabhain. Gu mì-fhortanach, 's e an carabhan ceàrr a bh' ann agus bha duine na sheasamh ann dearg rùisgte. Bha e air a bhith ga nighe fhèin. Mo chreach! Ruith mi air falbh aig peilear mo bheatha!

Leabhraichean leibideach

Ith Biadh Fallain! le Arran Down

Spòrs is cur-seachad de gach seòrsa

Club 'trials' an Eilein Sgitheanaich

Tha còrr is 20 neach an sàs ann an 'trials' motorbaidhseagail san Eilean Sgitheanach. A-mach à sin, tha sia sgoilearan bho Àrd-sgoil Phort Rìgh a' gabhail pàirt. Gach seachdain, bidh sinn a' dol gu diofar àiteachan – Kishorn, An t-Achadh Mòr agus an t-Eilean Sgitheanach fhèin airson na 'trials'.

Seo am bike agamsa. 'S e Beta 125 rev 320 a tha ann. Fhuair mi e airson mo cho-là-breith. Thòisich mi fhèin air a' chur-seachad seo nuair a bha mi 13 bliadhna a dh'aois. Cha do bhuannaich mi càil fhathast ann an co-fharpais ach tha mi coma mun sin oir tha e a' còrdadh rium cho mòr.

Chosg am bike agamsa còrr is mìle not. 'S e spòrs chosgail a th' ann ach tha mi a' faighinn tòrr às. 'S e seo an spòrs as motha a tha a' còrdadh rium oir chan e an aon chùrsa a tha sinn a' cleachdadh uair sam bith. 'S e aon rud eile a tha a' còrdadh rium gu bheil e math a bhith an lùib nan caraidean agam oir tha ùidh againn uile anns an aon spòrs.

le Jonathon Watkins

Leabhraichean leibideach

Saor-làithean thall thairis le Fran Geesh

Molaidhean Robbie

le Robbie Nicolson

Hallò! Is mise Robbie agus an seo gheibh thu fios mu gheamaichean ùra, far am bi thu gan cluich agus dè na beachdan a th' agam orra. Co-dhiù, seo na geamaichean as fheàrr, nam bheachd. Tha mi an dòchas gun aontaich thu leam! Faigh cead mus cluich thu cuid de na geamannan, ge-tà!

Need For Speed™: Hot Pursuit™
Cluich e air: PS3, XBOX 360, PC noWii
Tha Need for Speed air tòrr gheamaichean math a dhèanamh ach b' fheàrr leam Hot Pursuit air sgàths gu bheil tòrr dhiofar dhòighean ann a bhith ga chluich. 'S urrainn dhut a dhol air-loidhne air agus a bhith a' rèiseadh còmhla neo an aghaidh do charaidean.
Tha Robbie den bheachd: **9/10**

Assassins Creed™: Brotherhood™
Cluich e air: PS3, XBOX 360, PC
'S e an gèama as fheàrr agus as ùire de Assassins Creed, Brotherhood. Tha mi a' moladh a' ghèama seo gu mòr. Barrachd gnìomh, murt agus marbhadh.
Tha Robbie den bheachd: **10/10**

Call of Duty™: Black Ops™ 18+ Cluich e air: PS3, XBOX 360, PC, Wii, DS 'S e Call of Duty fear de na geamaichean as fheàrr a tha air a bhith ann. Ach tha e air a dhol gu ìre nas àirde le Black Ops. Anns a' ghèama seo 's urrainn dhut a dhol a-steach dhan Cold War neo a Vietnam airson sgrios a dhèanamh!
Tha Robbie den bheachd: **10/10**



FIFA 11 Cluich e air: PS3, PS2, XBOX 360, Wii, PC, PSP, DS
Is toil le tòrr dhaoine FIFA agus seo am fear as ùire: FIFA 11! Tha na cluicheadairean as ùire a' nochdadh sa ghèama seo. 'S e gèama sònraichte a th' ann air sgàths gu bheil e gu bheil e cho faisg air gèama ball-coise 's a b' urrainn dha a bhith. Cùm sùil a-mach airson Fifa 2012 a dh'aithghearr! *Tha Robbie den bheachd:* **7/10**

Leabhraichean leibideach

Am Mòd Nàiseanta le Gav Oran

Bliadhna nan Staggies

le Alex MacDhòmhnaill agus Ailean Wilson

Bha sinn uile air bhioran nuair a bha Ross County sa chuairt dheireannaich ann an Cupa na h-Alba an-uiridh. Bha sinn gu math fortanach grèim fhaighinn air Steven Ferguson a tha ag obair don Chlub ann an Inbhir Pheofharain. Ged nach eil Gàidhlig aig Steven bha e ro dhèonach na ceistean againn a fhreagairt agus chuir sinn fhìn Gàidhlig air na freagairtean a fhuair sinn. Tha tòrr de luchd-leantail Ross County ann an Sgoil Phort Rìgh agus tha fear dhiubh fiùs na Iar-cheannard san sgoil! Tha cuid de sgoilearan cuideachd a' trèanadh aig a' Chlub. 'S dòcha gum bi iadsan a' nochdadh do Ross County ann an Cuairt Dheireannach Cupa na h-Alba latha de na làithean! Tha sinn beò an dòchas!

Cò ris a bha e coltach don sgioba a bhith a' faighinn gu Cuairt Dheireannach Cupa na h-Alba an-uiridh?

Steven: **Bha sinn uile moiteil às an sgioba againn nuair a fhuair iad gu Cuairt Dheireannach na farpais. Air an t-slighe gu Hampden, bhuannaich sinn an aghaidh sgiobaidhean mòra mar Celtic agus Hibs. Phiobraich seo gach duine aig an robh ceangal ri Ross County. Cha dìochuimhnich sinn gu bràth an latha mòr ud.**

Am faca tu gin atharrachaidhean air an sgioba bhon a thachair seo?

Steven: **Fhuair an sgioba moladh mòr airson a bhith a' dèanamh cho math agus thug sin misneachd dhaibh. Tha mi cuideachd air mothachadh gu feum na sgiobaidhean eile togail a thoirt orra fhèin nuair a chluicheas iad Ross County. Tha an t-eagal orra a-nise!**

Cò ris a tha seisean trèanaidh coltach don chiad sgioba?

Steven: **Mar as tric, tha an trèanadh a' tòiseachadh le na cluicheadairean a' blàthachadh suas. Sa mhadainn nì iad 'drills' ceangailte ris a' ghèam agus feasgar tha iad a' bualadh air na sgilean sònraichte a bhios am manaidsear airson a neartachadh, a leithid dìonachd.**

Nad bheachd, cò an cluicheadair as fheàrr am bliadhna?

Steven: **'S e fear-bàire air leth a th' ann am Mìcheal McGovern agus tha e a' dèanamh uabhasach math am bliadhna. Tha e cuideachd a' cluich do sgioba nàiseanta Èirinn a Tuath. Tha sinn fortanach gu bheil e againn.**

Leabhraichean leibideach

An t-seachdain a dh'fhalbh le G. Hoonya

Dè a’ bhuannachd a tha a’ tighinn à Pròg̀ram Trèanaidh na h-Òigridh?

Steven: Tha deagh ainm aig Ross County airson a bith a’ toirt chluicheadairean òga gu ìre far an cluich iad sa chiad sgioba. Cuideachd, sna bliadhnaichean a chaidh seachad tha sgiobaidhean mòra Shasainn air a bhith deònach gu leòr airgead mòr a phàigheadh airson nan cluicheadairean òga againn. Tha seo feumail do na cluicheadairean agus don sgioba.

Càit a bheil thu a’ faicinn Ross County anns an àm ri teachd?

Steven: Tha sinn an dòchas gun cùm Ross County orra a’ dèanamh adhartais agus a’ strì airson gach cupa agus gach tiotal. Tha sinn airson ’s gum bi iomadh bliadhna eile againn mar a’ bhliadhna an-uiridh agus gum bi luchd-leantail Ross County làn pròis agus moit a-rithist.

Mìle taing do Steven Ferguson agus do sgioba Ross County airson taic a thoirt dhuinn leis an artaigil.

Leabhraichean leibideach

Peataichean le P. Shack-Vake

Fiolmaichean

A bheil fiolmaichean a' còrdadh riut? A bheil thu a' feuchainn ri obrachadh a-mach cò na fiolmaichean as fheàrr leat? 'S dòcha gun dèan na h-aithisgean feum dhut. Tha Kirsty Matheson agus Victor MacConnell air uairean a thìde a chur seachad san taigh-dhealbh! Tha iad an dòchas gun còrd an taghadh acasan riutsa cuideachd!



Avatar

Tha fhios gu bheil thu air cluinntinn mun fhiolm Avatar. Tha Avatar mu dhaoine bhon Phlanaid Pandora. 'S e a' bhliadhna 2156 a th' ann agus tha daoine bhon Phlanaid againne air falbh gu Pandora a dhèanamh mèinnearachd a nì fortan dhaibh. Chan eil muinntir Phandora idir toilichte mu dheidhinn seo agus gu h-àraid bhon a tha mèinnearachd a' dol air adhart fo chraoibh a tha gu math prìseil dhaibh.

Tha na daoine an sin gorm agus gu math mòr, mu 12 troighean a dh'àirde, agus 's e Na'vi an t-ainm a th' air an dealbh. Tha iad a' fuireach gu math sìtheil còmhla ri chèile. Tha na daoine bhon Phlanaid againne
a' tionndadh gu avatars dhiubh fhèin a tha air air an dèanamh às an DNA aca. Nuair a tha iad nan avatars bidh iad a' faighinn barrachd fios mu dheidhinn nan Na'vi agus tha iad a' faighinn air adhart gu math. Ach, tha cogadh a' tòiseachadh nuair a tha fiosrachadh gu leòr aig mac-an-duine mun Na'vi.

Tha fear de na daoine, Jake, a' tuiteam ann an gaol le tè Na'vi agus thairis air beagan ùine, tha esan airson 's gun tig an cogadh gu crìoch ach chan eil stad a' tighinn air agus tha tòrr de mhilleadh air a dhèanamh. Sgrìobh James Cameron an fhiolm agus bha e cuideachd ga riochdachadh. Chosg i mu £760 millean a dhèanamh agus b' e seo tè de na fiolmaichean a bu daoire a chaidh a dhèanamh riamh. Thàinig e a-mach air 10 An Dùbhlachd 2009 ann am Breatainn. Rinn an fhiolm fìor mhath agus rinn i mu $2 buileann uile gu lèir. Bhuannaich an fhiolm seo tòrr dhuaisean. 'S e seo tè de na fiolmaichean as fheàrr a chunnaic mi riamh agus thug e buaidh mhòr orm. Tha i fìor mhath ann an 3D cuideachd. Faigh grèim air an fhiolm seo – 's e stòiridh uabhasach tarraingeach a th' ann. Chan fhaigh thu briseadh-dùil idir.

le Kirsty Matheson

Leabhraichean leibideach

Ag èirigh tràth le Matt Eenva

Fiolmaichean

Big Mommas: Like father, like Son

Tha Big Momma air ais leis an treas fhiolm ach an turas seo tha cuideachadh aice is tha sin a' tighinn bhon leas-mhac aice, Trent (Brandon T. Jackson) a tha 17 bliadhna a dh'aois. Tha Martin Lawrence a' cluich Malcolm Turner/Big Momma a tha ag obair dhan FBI. Feumaidh e a dhol gun-fhiosta mar "Big Momma" a dh'obair dhan FBI agus tha aig Trent bochd ri dhol cuide ris mar "Charmaine". Tha aca ri dhol gu sgoil nigheanan air sgàths gum faca Trent murt is tha feum aca am murtair a lorg mus lorg an murtair iadsan! Tha tòrr fealla-dhà aca an sin.

'S e comadaidh eucoir a tha seo. Mar phàirt de rannsachadh, chaidh an fhiolm a shealltainn do chòig mìle duine is thuirt iad gun robh i èibhinn, spòrsail agus gun robh "Big Momma" is "Charmaine" a' coimhead gu math coltach ri boireannaich cheart! Thòisich na fiolmaichean "Big Momma" ann an 2000 nuair a thàinig a' chiad fhiolm a-mach agus chòrd I gu h-àraid ri daoine òga. An uair sin, nochd an dàrna fiolm, "Big Momma's House 2" ann an 2006. Sgrìobh Don Rhymer na fiolmaichean uile ach le taic anns an treas fhiolm bho Matthew Fogel. 'S e fiolm glè mhath a tha seo, agus ma gheibh thu cothrom an fiolm fhaicinn, còrdaidh i riut glan.

le Victor MacConnell

Leabhraichean leibideach

Rathaidean Alba le Larry Vore

Bho Pink Floyd gu Pendulum



Tha m' athair, Andy Law air a bhith an sàs ann a bhith a' togail dhealbhan airson iomadh bliadhna. Tha e uaireannan ag obair do dhaoine ainmeil mar Biffy Clyro, Pendulum agus Pink Floyd. Bhruidhinn mi ris mun obair aige:

Ciamar a thòisich thu air a bhith an sàs ann an togail dhealbhan airson CD?

Tha mo charaidean agus mo theaghlach air a bhith an sàs ann a bhith a' dèanamh dhealbhan airson ùine mhòr agus bha iad ag iarraidh orm àiteachan math a lorg bhon a tha mi a' fuireach ann an àite cho brèagha le seallaidhean àlainn.

Cò an fheadhainn as ainmeile san robh thu an sàs?

Rinn mi The Division Bell le Pink Floyd, That Golden Rule le Biffy Clyro agus Watercolour le Pendulum.

Pendulum? Ciamar a chaidh sin a dhèanamh?

Chuir iad fios thugam gun robh iad ag iarraidh dealbh de bheanntan agus abhainn. Bha mi den bheachd gum biodh na Fairy Pools aig Gleann Bhreatail freagarrach, ach cha robh an abhainn mòr gu leòr. An uair sin, smaoinich mi air Gleann Comhain no *Glencoe* agus dh'aontaich iad gur e deagh àite a bha seo.

Cò am fear a b' fheàrr a chòrd riut a dhèanamh?

Biffy Clyro, tha mi a' smaoineachadh. Bha an aimsir cho math agus bha daoine sònraichte math ag obair còmhla rium. Tha mi fhìn a' stiùireadh a' bhàta san dealbh cuideachd!

Carson a tha còmhdaich cho cudromach do chòmhlain-ciùil?

Oir 's e sin a' chiad rud a chì daoine air na clàran agus tha an fheadhainn as fheàrr a' reic barrachd CDs don chòmhlan.

A bheil duine sam bith eile san taigh an sàs san obair?

Airson còmhdach Biffy Clyro, bha Hamish, an gille agam, ag obair air na solais. Chòrd sin ris.

An do choinnich thu ris na còmhlain nuair a bha thu ag obair air na còmhdaich?

Choinnich mi ri Pink Flyod ceart gu leòr. Ach le coimpiutairean, chan fheum thu coinneachadh!

Ciamar a fhuair thu cothrom a dhol air còmhdach Biffy Clyro?

Fhuair mo charaid an obair an toiseach agus rinn mise dealbhachadh air a' chòmhdach. Chuir e thugam dealbh de: dà eilean agus daoine ann am bàta air a' chùl, agus duine eile sa bhàta eile aig an aghaidh. Thog an nighean agam dealbhan dhìomsa anns a' bhàta agus chuir mi air falbh na dealbhan do mo charaid. Chòrd iad ris, agus mar sin, siud mise air an aghaidh!

Bha Isabelle Law a' bruidhinn ri h-athair, Andy Law. Siud esan air còmhdach Biffy Clyro, That Golden Rule agus seo còmhdach Pendulum a chaidh a thogail ann an Gleann Comhain.



Leabhraichean Leibideach
An Càr Mòr Geal le Paul. S. Mann

Làithean idiscover

le Ruby Partridge

Tha sinne air an dara bliadhna air a bhith an sàs ann an làithean 'idiscover' bhon t-samhradh sa chaidh. 'S e cothrom a tha seo a fhuair ceithir sgoiltean iomallach air a' Ghàidhealtachd iomadh rud eadar-dhealaichte fheuchainn: Àrd-sgoil Phort Rìgh, Àrd-sgoil a' Phluic, Sgoil Gheàrrloch agus Sgoil Ulapuil. Air na làithean seo tha sinn a' dèanamh rudan nach bi sinn idir a' faighinn cothrom a dhèanamh a h-uile latha san sgoil. Tha tòrr, tòrr rudan inntinneach is nèonach ri dhèanamh. Tha sinn gu math fortanach na làithean seo fhaighinn oir chan eil a h-uile sgoil ann am Breatainn gam faighinn idir.

Air an latha mu dheireadh, bha na leanas a' dol air adhart: Inventorbox, Create an App, Funky Feltmaking, Ultra cool upcycling, Science busking, Open your mind, On air agus Puppet power. Abair roghainn!

Rinn mise 'Create an App' o chionn ghoirid. Bha e glè mhath is uabhasach inntinneach. Bha sinn a' faighinn a-mach ciamar a tha daoine a' dèanamh 'Apps' do na fònaichean-làimhe aca agus rinn sinn fear dhuinn fhìn. Bha feum agad fear a dhèanamh mun sgìre agad fhèin airson luchd-turais. Bha mi fhìn agus mo charaid còmhla agus rinn sinn an 'App' againn air Caol Rheatha. Sgrìobh sinn mun bhàt-aiseig bhig agus mu na beanntan. Chuir sinn dealbhan ris agus chuir sinn pìos bhidio ris na dealbhan. As dèidh àm bìdh, chuir sinn a h-uile rud còmhla airson an 'App' againn a thoirt gu buil. Aig an deireadh, bha coltas sgoinneil air an 'App' agus fhuair mo charaid cothrom a chur air an 'iPod' aice!

Cuideachd bha cothrom againn stuth a chruthachadh air na h-iPads. Bha iad sin cho snasail agus goireasach. B' fhèarr leam gun robh iad againn san sgoil a h-uile latha. An ath thuras, bidh mi an sàs ann an 'Super capacitor powered car' is chan urrainn dhomh feitheamh. Tha 'idiscover' a' fosgladh inntinnean a h-uile duine againn!

Leabhraichean Leibideach

Einnsean, Tractar agus Bhan le Dot O' Mann

le Kirsty NicDhùghaill

Tha fios againn uile aig àm na Càisge gum fàs cùisean uaireannan caran dòrainneach, aonaranach agus nach eil càil a' dol air adhart san Eilean. Uill, ma tha cùisean mar seo, a bheil thu measail air seinn neo dannsa? An toil leat a bhith a' cluich ionnsramaidean-ciùil agus ag obair air òrain ùra? A bheil ùidh agad ann an cultar Gàidhealach? Giotar? Fìdeag? No a bheil thu dìreach airson rudeigin a dhèanamh a chuireas seachad beagan ùine?

A h-uile bliadhna mun àm seo, tha Fèis an Earraich ann airson beagan spòrs a thoirt do dhaoine a tha an-fhoiseil aig an taigh. A h-uile dàrna bliadhna thig an fhèis a Phort Rìgh. Ach am bliadhna, airson a' chiad turais, bha Fèis an Earraich aig an Àrd-sgoil mhòir ùir ann am Pòrt Rìgh. Airson bliadhnaichean a-nise, tha an fhèis air a bhith aig a' bhun-sgoil ach bha a h-uile goireas gar feitheamh san Àrd-sgoil! Tha rùm gu leòr an sin dhan a h-uile duine. Tha mi fhìn air a bhith san sgoil fad dà bhliadhna agus tha mi fhathast a' dol air chall!

Ma tha thu airson a dhol gu Fèis an Earraich, feumaidh tu a bhith air clas a còig no nas sine agus feumaidh tu a bhith naoi bliadhna a dh'aois ro 28 An Gearran. Tha cuid de na clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig ach gheibh luchd-ionnsachaidh fàilte chridheil cuideachd. 'S urrainn do dheugairean AS2-S6 a bhith a' frithealadh fèis air leth – Fèis nan Deugairean. An seo, nì iad obair ann am buidhnean air cèol agus seinn, deiseil airson a dhol air an àrd-ùrlar.

Am bliadhna, do gach duine a tha a' gabhail pàirt, bha pròg ram làn gnìomh gach feasgar le spòrs, geamaichean agus taisbeanaidhean tàlant. Bha cèilidh agus dannsa sgoinneil ann cuideachd ma tha thu ann an sunnd airson Canadian Barn Dance! Thàinig an t-seachdain gu crìoch le consairt feasgar Dihaoine a chòrd glan ris an fheadhainn air an àrd-ùrlar agus an luchd-èisteachd. Chuir daoine fàilte chridheil air na h-Eireannaich thàlantach a bha còmhla rinn fad na seachdain cuideachd.

Carson a tha seo na chothrom cho math? Bidh caraidean ùra agad, cluichidh tu ionnsramaidean ùra no bidh thu a' seinn còmhla ri daoine elle, agus thèid thu an sàs ann an cultar na Gàidhlig ann an dòigh spòrsail. Gheibh thu cothrom Gàidhlig a bhruidhinn cuideachd. Cò dh'iarradh an còrr? Abair gu bheil spòrs ann aig Fèis an Earraich, cèilidhean, ceòl agus craic. Cuir d' ainm a-staigh airson Fèis an Earraich. Na gabh dragh ma tha thu ro fhadalach am bliadhna, tha an an ath bhliadhna ann agus chì mi ann thu. Cò aig a tha fhios nach bi sinn a' falbh air chuairt timcheall air a' Ghàidhealtachd còmhla ri daoine òga eile no a' dèanamh air Èirinn air turas iomlaid le Pìobairean Armagh!

Airson barrachd fiosrachaidh:
http://www.feisean.org/feisean/feis-an-earraich.html

Leabhraichean Leibideach
Beachdan Math le Joe Idea

£££ Ri Reic £££

Tha an dara bliadhna air a bhith a' sgioblachadh nan rumannan aca. A bheil ùidh agad ann an:

- PSP le Fifa 2009: Tha am PSP ann am fìor dheagh staid. Tha còmhdach Fifa 2009 air a' PhSP. Tha e san aon bhogsa san tàinig e, leis na ueirichean cudromach a tha a dhìth. **£60**
- Geamaichean Playstation 2: Harry Potter Goblet of Fire, Grand Theft Auto – Vice City, Fifa 2009 **£15**
- Geamaichean Playstation 2: Splinter Cell, World Rally Cup **£6**
- Bòrd-spèilidh: Tha am bòrd-spèilidh ann an staid mhath agus sgrìobhte air bonn a' bhùird tha *Urban Beach*. Tha e dearg agus geal. £15

Ma tha ùidh agad ann an rud sam bith air an liosta, cuir fios gu Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Rìgh cho luath sa ghabhas. Bheir sinn dhut am fiosrachadh a tha a dhìth airson na rudan seo a cheannach.

Faigh na facail

le Isabelle Law

Càit a bheil na h-àiteachan seo? Tha iad uile am falach anns a' chlàr.

E	**P**	**O**	**R**	**T**	**R**	**I**	**G**	**H**	**C**
F	**G**	**U**	**R**	**M**	**S**	**L**	**I**	**A**	**E**
I	**L**	**L**	**T**	**A**	**E**	**P**	**M**	**L**	**I**
O	**A**	**A**	**U**	**L**	**E**	**E**	**H**	**B**	**L**
B	**S**	**P**	**E**	**A**	**L**	**A**	**N**	**A**	**G**
H	**C**	**U**	**G**	**I**	**I**	**I**	**E**	**R**	**I**
A	**H**	**L**	**I**	**G**	**U**	**R**	**A**	**H**	**N**
P	**U**	**L**	**U**	**I**	**M**	**T**	**S**	**D**	**N**

FIOBHA
PORTRIGH
ULAPUL
PEAIRT
ALBA
EILGINN
MALAIG
UIGE
MUILE
GLASCHU

Leabhraichean Leibideach

Cadal math le Hammy Skee

Fasan



An Dreasa Bheag Dhubh Ùr

Mura h-eil thu cinnteach dè chuireas tu ort – na gabh dragh! Seo an duilleag a tha a' toirt cuideachadh dhut – tha na trioblaidean a tha sin a-nise air do chùlaibh. A bheil fhios agad dè cho fasanta 's a tha dearg an-dràsta? Ma tha thu a' ceannach dreasa air a' bhliadhna seo, dèan cinnteach gu bheil i dearg, oir 's e an dreasa dhearg an dreasa dhubh ùr! Cuimhnich gun do leugh thu an seo e!



Dè chuireas tu ort agus dè dh'fhàgas tu air an sgeilp?

'S e dath fear de na rudan as cudromaiche nuair a tha thu a' taghadh aodaich. Air do bheatha, na bi idir a' cur ort dearg is uaine còmhla! Anns na seann làithean, bhiodh daoine a' moladh dearg is uaine do bhanrigh Eireannach a-mhàin, ach nam bheachdsa, chan eil e gu diofar cò thu no co às a tha thu – tha còir agad a bhith a' seachnadh dearg is uaine còmhla. Èist rium! 'S e *guru* an fhasain a th' annam!

Tha dubh agus geal ceart gu leòr bhon a tha iad a' dol còmhla ri dath sam bith eile. Lìon do phreas-aodaich le pìosan beaga feumail ann an dubh agus geal.

'Top trend'

'S e an dath as cumanta air an t-seusan seo 'raspberry'. A bheil thu air 'Varsity Baseball' no pàtran leopard a cheannach fhathast? Greas ort! Tha gu leòr dhen leithid sna bùthan an-dràsta. A bheil motarbaidhseagal agad? Nach eil? Coma leat! Tha stoidhle 'Biker' san fhasan ma tha thu a' siubhal air trèana, plèana no bus! Faigh paidhir de bhòtannan biker agus seacaid leathair. 'S i Miley Cyrus a thòisich air an fhasan seo agus cha d' rinn e cron sam bith oirrese. Bu mhath leam beagan den chunntas-banca aicese a chosg air aodach fasanta!

Dealbh le Ruby Partridge



Leabhraichean Leibideach
Ag Iasgach le Brad Anoor

Latha san taigh

Cha leig thu leas a bhith air do sgeadachadh gu spaideil a h-uile latha ge-tà. Ma tha thu dìreach a' fuireach san taigh, nì geansaidh mòr farsaing an gnothach le dinichean tana – aodach a tha uabhasach fasanta agus cofhurtail. Ma tha agad ri ruith a-mach airson magasin ùr no pìos seòclaid, cuir ort paidhir de bhòtannan baseball. Cha tèid thu fada ceàrr agus bidh thu glan, cofhurtail cuideachd.



Comhairle do na gillean

Chan eil mi cho eòlach air fasanan nan gillean ach tha mi air comhairle fhaighinn bho dhuine no dithis sa chlas. Dè tha na gillean a' cur orra am bliadhna? Chì thu iad le lèibeilean 'designer' mar 'SoulCal', 'G-star' 'GioGoi' is 'Police' orra. Tha tòrr ghillean cuideachd a' moladh Adidas Originals – ann an iomadh dath. Tha iad seo fada nas snoige na lèintean ball-coise co-dhiù.

Tha beagan comhairle agamsa dha na balaich cuideachd. 'Illean – na bithibh a' cur oirbh dinichean cho ìseal 's gum faic sinn ur bogsairean. Euch! Chaneil sin na dheagh shealladh idir!

Mar sin, dèan air na bùthan cho luath 's as urrainn dhut – no gabh an cothrom cuairt a ghabhail timcheall air na bùthan air-loidhne. Agus, cuimhnich, chuala tu a h-uile càil de seo bho chuideigin a tha eòlach air aodach agus fasan de gach seòrsa!

Dealbh le Ruby Partridge

Leabhraichean Leibideach
Cus Fuaim le B. Savach

Teicneòlas

le Uilleam Hannah

Cò nach eil measail air gadgets agus gizmos mar iPod neo coimpiutair-uchd, TBh neo PS3? Tha rudan de gach seòrsa agam an seo - leugh air adhart agus chì thu na molaidhean agam.

iPad2: Faigh grèim air iPod2. Tha e nas caoile agus nas aotroime le camara air a' chliathaich. Ron seo, cha robh camara ann, ach a-nis, tha a dhà ann - airson bhidiothan agus dealbhan a thogail. Tha e an aon mheud ris an t-seann mhodal ach tha 1gb a bharrachd ri fhaighinn agus tha na grafaics nas fheàrr ann. Ach tha tòrr tableitean eile rim faighinn agus tha feadhainn ùra a' tighinn a-mach fad an t-siubhail. Tha iad uile a' strì an aghaidh *Apple* airson an goireas as fheàrr a chur ri chèile. Tha sin math dhuinne a tha ag iarraidh a h-uile càil fhaicinn agus fheuchainn. Tha an Samsung Galaxy am measg na feadhainn as fheàrr agus as goireasaiche. Tha e nas lugha ach chan eil e cho caol. Saoil cò am fear a chòrdas riut fhèin?

Stereo/idock: Gear IV Street Party: Le fuaim nas fheàrr, freagarrach airson a bhith a-staigh no a-muigh, faodaidh tu a phlugadh a-steach dhan bhalla neo a ruith air bataraidh. Ma tha thu a' coimhead airson dachaigh ùr airson iPod, 's e an Gear IV Street Party am fear as fheàrr, am beachd an eòlaiche seo! Ma tha thu airson siubhal, tha an dachaigh a' pasgadh air falbh gu sgiobalta. Gun teagamh sam bith, bidh partaidh agaibh leis a' ghizmo seo - chan eil e gu diofar a bheil duine sam bith eile mun cuairt no ma bhios tu leat fhèin - bidh fealla-dhà agad leis an inneal seo! Cuir suas am fuaim!

Leabhraichean Leibideach
A' gabhail fois le Sue E. Sheeus

Farpais iPod
le Lauren NicDhùghaill

A bheil thu measail air ceòl pop? Ceòl rock? Ceòl Gàidhlig? A bheil thu airson iPod Shuffle a bhuannachadh? Gabh pàirt san fharpais gu h-ìseal, ma-thà. Feumaidh tu na còig ceistean an seo a fhreagairt airson iPod a bhuannachadh. Tha na ceistean uile co-cheangailte ri Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig. Siuthad ma-thà!

1. Dè an t-òran Gàidhlig a nochd air bhidio Cee-lo Green?
   a) Latha Math
   b) Seallaibh Curaidh Eòghainn
   c) An ubhal as àirde

2. Cò an còmhlan-ciùil Gàidhlig a bha feuchainn air a' phrìomh 40 o chionn ghoirid?
   a) Mànran
   b) Runrig
   c) Breabach

3. Chì thu Seasaidh Leacsaidh air BBC Alba. Cò tha ga cluich?
   a) Donaidh Munro
   b) Eòghain Stiùbhart
   c) Calum MacFhionghuin

4. Bha rud eadar-dhealaichte air Donaidh Dòtaman air a' phròg̀ram aige a h-uile seachdain. Dè bh' ann?
   a) ad
   b) bròg̀an
   c) scarfa

5. Cuin a bhuannaich An t-Eilean Sgitheanach Cupa na Camanachd?
   a) 2000
   b) 1990
   c) 1997

Tha an fharpais fosgailte do sgoilearan Àrd-sgoil Phort Rìgh a-mhàin. Airson cothrom iPod a bhuannachadh, lion am foirm gu h-ìseal leis na freagairtean, d' ainm agus do chlas agus cuir sa bhogsa ann an rùm Mrs Cormack e (rùm 204). Dùinidh an fharpais seo air 13 An Cèitean agus sgaoilidh sinn fios an uair sin air cò bhuannaich. Siuthad – tha iPod bheag shnasail gad fheitheamh an seo!

An Dàrna Làr Farpais iPod An Cèitean 2011

Ainm: _____ **Clas:** _____

Freagairtean: 1. _____ **2.** _____ **3.** _____ **4.** _____ **5.** _____

Leabhraichean Leibideach
An Deireadh le Sheena Maha

Bidh iris eile à AS2 Àrd-sgoil Phort Rìgh a' nochdadh a dh'aithghearr. Cùm do shùil a-mach air a son!

Iain: Tha mi a' faicinn gu bheil pròg**ram** mu thractaran air an TBh a-nochd.
Calum: Ciamar a tha fios agad?
Iain: Chunnaic mi an trèilear!

Carson nach robh an stòbh toilichte?
Chuir daoine eile an coire air.

Carson nach do dh'ith an duine feòil?
Bha e ag ithe cus cous-cous!

Fhuair am pròiseact seo taic bho

BÒRD NA GÀIDHLIG

agus

fèisean NAN GÀIDHEAL